

A Pheadar Choir,

Tha mi toilichte leis a' Phlana Nàiseanta ach bu chaomh leam beagan a ràdh mu dheidhinn foghlam airson inbhich.

Bu chòir sgeama taic-airgid a bhi ann do inbhich a tha airson cùrsaichean bogaidh a dhèanamh. An-dràsta feumaidh oileanaich dèanamh cùrsa làn-ùine mus faigh iad taic. Ma thèid iad airson cùrsa pàirt-ùine feumaidh iad na cosgaisean gu-lèir a phàigheadh.

Cuideachd tha mi den bheachd gum bu chòir sgeama measaidh nàiseanta a bhi ann do luchd-ionnsachaidh agus gum biodh barrachd cuideam air còmhradh an àite sgrìobhadh.

Feumaidh sinn a bhi toirt air daoine a dh'ionnsaich a chànan a bhi ga teagaisg. Cuideachd tha feum mhòr air misneachd a thoirt dha daoine aig a bheil Gàidhlig aig chan eil iad deònach a teagaisg.

Mu dheireadh tha mi smaoinichadh sna sgoiltean gu bheil GLPS air leth feumail airson ìomhaigh a chànan.

Le deagh dhùrachd

Cairistìona Combe